



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

CARRAIGHEAN CLÀRAICHTE NA H-ALBA 2016



Carraighean Clàraichte na h-Alba

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè tha e a' ciallachadh do neach aig a bheil sealbh air carragh nuair a tha i clàraichte agus ciamar a bhios sinn a' measadh làrach is charraighean airson an clàradh.

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làrach fhèin fhàgail air cruth-tìre na h-Alba. Tha an ceangal làidir eadar sinn fhìn is àiteachan agus mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu mòr ri ar cultar nam pàirt mòr de ar coimhearsnachdan agus gu dlùth-cheangailte ri cruth na tìre, agus tha na nithean sin a' cuideachadh le bhith togail bratach na h-Alba air feadh an t-saoghail. Tha làraich arc-eòlais is carraighean nam pàirt de ar dualchas nàiseanta.

Chaidh na ciad chumhachan laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhìon a thoirt a-steach ann an 1882, cumhachan gus nithean luachmhor a chlàradh. An-diugh, tha mu 8,000 carragh chlàraichte ann an Alba.

Le bhith a' clàradh làrach is charraighean, thathar a' comharrachadh gu bheil iad cudromach gu nàiseanta. Tha sinn den bheachd gu bheil iad am measg nan stòras as prìseile a th' againn ann an Alba.

Tha carraighean clàraichte a' toirt dhuinn fianais air eachdraidh na h-Alba. Tha iad air aon de na h-adhbharan a tha Alba cho math mar àite airson a bhith fuireach is ag obair ann, agus airson tadhal air. Tha seagh eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith tuigsinn cò sinn.

Tha na carraighean clàraichte a' gabhail a-steach farsaingeachd de structaran bho fheadhainn a chaidh a thogail o chionn còrr is 8,000 bliadhna gu feadhainn a chaidh a thogail aig àm an Dàrna Cogaidh, am measg na farsaingeachd structaran sin gheibhear tolmair thòrraidh ro-eachdraidheil, dùin Ròmanach, clachan snaighte Crìosdail bho linn thràth agus structaran le dìon bho ionnsaighean. Tha an dualchas ioma-sheòrsach is air leth seo a' toirt tuigse dhuinn air beatha ar sinnsirean agus air mar a fhuair iad bàs agus mar a dhèilig iad ris. Tha clàradh na mheadhan air aithne a thoirt do na structaran cudromach seo a bhuineas ri ar n-eachdraidh, agus tha e a' cuideachadh le bhith gan dìon airson nan ginealaichean ri teachd.

Tha àite cudromach aig na daoine, aig a bheil sealbh air na carraighean clàraichte, ann a bhith gleidheadh ar dualchais. 'S urrainn dhaibh cuideachadh le bhith dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig an ath ghinealach air na làraich is structaran seo a tha cudromach gu nàiseanta.

Dè th' ann an clàradh?

'S e a th' ann an clàradh, an dòigh sa bheilear ag aithneachadh fon lagh (Achd nan Carraighean Àrsaidh agus Sgìrean Arc-eòlais 1979) gu bheil carragh no làrach arc-eòlais cudromach gu nàiseanta, faicibh www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46.

Le bhith gan clàradh, tha e na amas làraich is carraighean a ghleidheadh cho fad 's as urrainnear san staid sa bheil iad an-diugh. Tha mu 8,000 carragh chlàraichte ann an Alba. 'S e a th' ann an carraighean clàraichte, làraich is structaran anns nach eil duine a' fuireach, a bhuineas ri linn-tean eachdraidheil bho o chionn 8,000 bliadhna gu àm an Dàrna Cogaidh. Tha iad a' gabhail a-steach farsaingeachd structaran leithid tolmain thòrraidh ro-eachdraidheil, dùin Ròmanach, clachan snaighte Crìosdail bho linn thràth agus làraich seann chaistealan.

Ma tha sibh ag iarraidh atharraichean no obair a dhèanamh air carragh chlàraichte, dh'fhaodadh gum bi agaibh ri iarrtas a chur a-steach thugainn airson cead, cead ris an canar 'cead airson carragh chlàraichte' (faicibh duilleagan 17-18). Gus inbhe chlàraichte a chosnadh, feumaidh làrach no carragh a bhith cudromach gu nàiseanta. Bidh sinn a' measadh luach nàiseanta a rèir shlatan-tomhais sònraichte (faicibh duilleag 7).

A' measadh charraighean airson an clàradh

Nì sinn measadh air gach carragh a thaobh cho airidh 's a tha i air inbhe chlàraichte. Ma tha carragh gu bhith air a meas cudromach gu nàiseanta, feumaidh i a bhith cudromach aig ìre chultarach le luach innte a thaobh nan ealain, arc-eòlas, ailtireachd, eachdraidh, dualchas, bòidhchead, saidheans no cùisean sòisealta.

Faodaidh an luach sin a bhith follaiseach na coltas, sna stuthan às a bheil i air a dèanamh agus san t-suidheachadh aice. Gabhaidh sinn ealla cuideachd ri fianais air mar a chleachdadh a' charragh, agus ri fianais a thaobh clàran no nithean a bhuineas ris a' charragh. Dh'fhaodadh gun atharraich an tuigse a th' againn air luach cultarach thar ùine, gu h-àraidh ma thig fiosrachadh ùr am follais, no ma dh'atharraicheas na beachdan is na dòighean-smaoineachaidh a th' ann mun dualchas againn.

San Aithris Poileasaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba, thathar a' mìneachadh dè tha 'luach cultarach' a' ciallachadh www.historicenvironment.scot/advice-and-support/planning-andguidance/legislation-and-guidance/historic-environment-scotland-policystatement. Gu h-aithghearr, 's iad na prìomh shlatan-tomhais mar a leanas.

Feartan bunaiteach

'S e a th' ann am feartan bunaiteach, feartan a bhuineas gu h-àraidh ris a' charragh fhèin. Tha iad sin a' gabhail a-steach an staid sa bheil a' charragh an-diugh, a' gabhail a-steach fianais arc-eòlais a dh'fhaodadh a bhith ann air uachdar na talmhainn no fon talamh, agus tha e a' gabhail a-steach barrachd air dìreach na tha ri fhaicinn. Am measg nan eisimpleirean eile de dh'fheartan bunaiteach tha: an luach a th' anns a' charragh a thaobh arc-eòlais, saidheans, teicneòlas no cuspairean eile no na cothroman rannsachaidh leis a' charragh. Bidh na feartan seo cuideachd a' gabhail a-steach mar a chaidh a' charragh a leasachadh no a leudachadh thar ùine (ma tha fianais ann gun robh daoine a' fuireach ann

aig diofar linntean, no aig aon àm). Bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air dè am feum a chaidh a dhèanamh den charraigh bho thùs no dè na feuman a chaidh a dhèanamh dhi thar nan linntean.

Feartan co-theacsail

Tha feartan co-theacsail a' gabhail a-steach mar a tha a' charragh suidhichte ann an cruth na tìre, mar a bhuineas i ri carraighean eile, agus an t-àite a bh' aice sa chomann-shòisealta sna linntean a dh'fhalbh.

Dh'fhaodadh seo a bhith gabhail a-steach cho tearc 's a tha a' charragh no dè tha i a' samhlachadh dhuinn, agus sin air a mheasadh a rèir ar n-eòlais air arc-eòlas ann an Alba agus san sgìre far a bheil a' charragh suidhichte. 'S e cùis chudromach eile, an ceangal eadar a' charragh agus carraighean eile den aon seòrsa gu h-ionadail (no de sheòrsa a bhuineas ris a' charraigh) no bhon aon linn.

Feartan co-cheangailte

Le feartan co-cheangailte tha iad sin stèidhichte air measadh nas pearsanta air a' charraigh, agus nam measg tha nithean eachdraidheil, cultarach is sòisealta a thug buaidh air coltas is stuth-cruthachaidh na carraigh. Faodaidh iad seo cuideachd a bhith gabhail a-steach bòidhchead no luach na carraigh airson dualchas nàiseanta na h-Alba no do dhaoine a tha cleachdadh na carraigh no a tha air a cleachdadh, no do shliochd nan daoine sin, agus ceanglaichean a th' aig a' charraigh ri caractaran no tachartasan eachdraidheil, dualchasach no ealain.

Sin na feartan air am bi sinn a' beachdachadh nuair a nì sin co-dhùnadh a thaobh luach nàiseanta na carraigh.

Bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an inbhe chlàraichte air cùisean agus an t-adhbhar airson na h-inbhe sin, agus fiù 's nuair a tha làrach a' coileanadh nan slatan-tomhais, 's dòcha nach bi e daonnan freagarrach inbhe chlàraichte a bhuileachadh air. Mar eisimpleir, ma tha làrach ri taobh na mara ga chaitheamh leis a' mhuir agus gu bheil coltas ann gu bheil e gu bhith air a chall san ùine air thoiseach, dh'fhaodadh nach biodh e freagarrach an làrach sin a chlàradh.

Molaidhean clàraidh, ath-sgrùdaidhean is a' cur às do dh'inbhe chlàraichte

Faodaidh neach sam bith carragh a mholadh airson a clàradh, no iarraidh oirnn ath-sgrùdadh a dhèanamh air carragh a tha clàraichte mu thràth, no iarraidh oirnn cur às do dh'inbhe chlàraichte airson carragh.

Faodaidh sibh gin sam bith de na rudan sin a dhèanamh le bhith lìonadh an fhoirm-iarrtais againn a-steach. Gheibhear am foirm bhon làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listingscheduling-and-designations/scheduledmonuments/propose-a-site-for-scheduling no faodaidh sinn fear a chur thugaibh sa phost.

Aon uair 's gum faigh sinn am foirm agaibh, nì sinn rannsachadh air a' chùis. Mar phàirt de sin dh'fhaodadh gun tadhail sinn air an làrach gus faicinn a bheil e a' coileanadh nan slatan-tomhais airson clàradh. A rèir dè an seòrsa cùise a th' ann, dh'fhaodadh gum bi againn ri grunn cheumannan mionaideach a ghabhail mus ruig sinn co-dhùnadh deireannach. Ma tha e follaiseach gum faodadh an làrach a bhith cudromach, thig sinn gu co-dhùnadh eadar-amail mun mholadh. Gu h-àbhaisteach às dèidh sin, bidh sinn a' sireadh bheachdan bhon

ùghdarras-phlanaidh agus bhon neach (no na daoine) leis a bheil an togalach mas urrainn dhuinn. 'S e as motha a tha fa-near dhuinn leis a' cho-chomhairleachadh le daoine eile, dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a th' againn mun làrach ceart.

Ma tha sealbh agaibh air làrach no carragh, mar as trice innsidh sinn dhuibh:

- ma thèid an clàradh;
- ma thèid cur às don inbhe chlàraichte aca; no
- ma thèid crìochan an raoin chlàraichte atharrachadh.

Cuideachd, innsidh sinn don ùghdarras-phlanaidh.

Nuair a nì sinn co-dhùnadh a thaobh a bhith cur làrach ri liosta nan carraighean clàraichte no a bhith ga thoirt far na liosta sin no a bhith ag atharrachadh chrìochan, foillsichidh sinn aithisg le fiosrachadh mun cho-dhùnadh againn. Mar phàirt de sin, dh'fhaodadh gum bi fios ann air mar a rinn sinn measadh air an làrach no carragh a rèir nan slatan-tomhais portal.historicenvironment.scot.

Ath-thagraidhean

Mas ann leibhse a tha an làrach no carragh, no ma tha sibh a' fuireach ann no nur neach-gabhail ann agus nach eil sibh ag aontachadh leis a' cho-dhùnadh againn, faodaidh sibh ath-thagradh a dhèanamh fon lagh an aghaidh:

- inbhe chlàraichte ùr, agus
- atharrachadh air inbhe chlàraichte a bh' ann mu thràth (mar eisimpleir, ma thèid atharrachadh a dhèanamh air an raon a tha clàraichte no air ainm no tuairisgeul na carraigh clàraichte).

Feumaidh sibh an t-ath-thagradh agaibh a chur chun na Roinne airson Ath-thagraidhean Dealbhachaidh is Àrainneachd taobh a-staigh trì mìosan bhon cheann-latha air an litir a chuireas sinn thugaibh ag innse dhuibh mun inbhe chlàraichte ùr no atharrachadh air inbhe chlàraichte, faicibh

www.dpea.scotland.gov.uk.

Faicibh ar làrach-lìn airson tuilleadh fiosrachaidh mu ath-thagraidhean

www.historicenvironment.scot/advice-and-support.

Ged nach eil còir laghail agaibh airson ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh mar a chaidh carragh a thoirt far na liosta no mar a chaidh carragh a dhiùltadh airson clàradh, bidh sinn toilichte sùil às ùr a thoirt air a' cho-dhùnadh againn ma gheibh sinn fiosrachadh buntainneach nach robh ann nuair a rinn sinn a' chiad cho-dhùnadh againn. Faodaidh sibh ath-sgrùdadh mar sin iarraidh le bhith lionadh an fhoirm againn a-steach www.historicenvironment.scot/adviceand-support/listing-scheduling-anddesignations/scheduled-monuments/propose-a-site-for-scheduling.

Clàran nan carraighean clàraichte

Air an liosta-chlàraidh tha clàr ann airson gach carragh chlàraichte.

'S e sgrìobhainn laghail a tha seo, sa bheil dà phàirt: tuairisgeul de na tha clàraichte agus mapa a sheallas an raon a tha clàraichte.

Dh'fhaodte gum bi fiosrachadh eile na chois, leithid aithris air luach nàiseanta, gu h-àraidh ma chaidh an clàr a sgrìobhadh o chionn ghoirid. Tha an clàr ann gus daoine a chuideachadh le bhith tuigsinn carson a tha a' charragh cudromach. Faodaidh sibh ar clàran a rannsachadh air-loidhne air ar làrach-lìn portal.historicenvironment.scot agus faodaidh sibh na sgrìobhainnean laghail agus fiosrachadh eile a gheibhear ann an clàran nan carraighean clàraichte a luchdachadh a-nuas.

Tha an dòigh sam bithear a' sealltainn agus a' sgrìobhadh chlàran airson charrraighean clàraichte air atharrachadh gu mòr thar nam bliadhnaichean. Leis na ciad chlàran, bha iad buailteach a bhith gu math goirid agus dh'fhaodadh nach robh iad fiù 's ag innse carson a bha luach nàiseanta sa charraigh. Rì ùine thòisich iad a' toirt tuairisgeul nas mionaidiche air na carraighean ann an aithris ghoirid air luach nàiseanta na charraigh, ach cha robh mòran fiosrachaidh ann air mar a bhathar a' dèanamh measadh air carraighean. An-dràsta, bidh sinn a' toirt seachad tuairisgeul goirid air a' charraigh agus mineachadh nas mionaidiche air carson a tha a' charragh air a clàradh. Nuair a tha e freagarrach, dh'fhaodte gum faighear dealbhan-camara den charraigh cuideachd.

A' fuireach is ag obair far a bheil carragh chlàraichte

'S ann fo shealbh an neach leis a bheil i a tha carragh chlàraichte.

Chan eil clàradh a' ciallachadh gu bheil còraichean a bharrachd aig daoine gus tadhal air làrach, agus chan eil e a' toirt cead sònraichte do dh'arc-eòlaichean obair ann. Ma tha arc-eòlaichean ag iarraidh cladhach a dhèanamh aig carragh chlàraichte, feumaidh iad cead fhaighinn bhon neach leis a bheil i no an neach a tha fuireach ann, agus feumaidh iad cead airson carragh chlàraichte fhaighinn.

Nuair a tha carragh clàraichte, bidh cead airson carragh chlàraichte a dhìth oirbh gus cuid a dh'obair a dhèanamh oirre, leithid obair chàraidh. Feumaidh sibh iarrtas a chur thugainn ag iarraidh a' chead sin (chan eil cosgais ann). Bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air iarrtasan airson cead fo Earrainn 42, tha sin a dhìth oirbh nuair a nì sibh sgrùdadh le lorgaire-meatailt agus airson cuid a sgrùdaidhean geo-fiosaigeach air carraighean clàraichte.

Tha sinn a' brosnachadh dhaoine gu bhith gleidheadh is a' gabhail cùram de charrraighean agus bheir sinn comhairle an-asgaidh seachad air mar as fheàrr a ghabhas sin dèanamh agus bheir sinn stiùireadh dhuibh air an taic-airgid a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn. Faodaidh na daoine leis a bheil na carraighean no a tha fuireach annta no far a bheil iad comhairle iarraidh bhuainn uair sam bith.

Bidh sinn cuideachd a' tadhal air làraich chlàraichte agus na daoine leis a bheil iad gus sùil a chumail air staid nan làrach agus gus comhairle a thoirt seachad air mar a ghabhas carraighean a ghleidheadh gu tèarainte.

Obair air carraighean clàraichte

Tha tòrr charraighean clàraichte seasmhach is ann an deagh staid agus cha bhi mòran obrach a dhìth orra, ach tha feadhainn ann a tha feumach air atharraichean simplidh gus dèanamh cinnteach gum mair iad. Le feadhainn eile, dh'fhaodadh gum bi obair nas motha a dhìth gus an gleidheadh, far am bi sgilean glèidhteachais sònraichte a dhìth.

Tha grunn ghnìomhan ann a dh'fhaodadh a bhith air am faicinn mar 'obair' air carraighean clàraichte, agus bidh cead airson carragh chlàraichte a dhìth airson obair mar sin. Faodaidh an obair sin a bhith gabhail a-steach:

- rud sam bith a nithear a bhios a' ciallachadh gun tèid a' charragh a leagail no a sgrios
- obair gus carragh a thoirt air falbh
- obair gus carragh a chàradh
- obair gus dèiligeadh ri tuiltean
- obair far a bheil stuthan gan copadh
- a' togail polytunnels
- a' cur chraobhan
- obair coilltearachd
- a' togail fheansaichean
- a' càradh dhrèanaichean, agus
- cladhach airson rannsachaidhean arc-eòlais.

Tha e furasta milleadh a dhèanamh air carragh gun a bhith ga chiallachadh. Mura h-eil sibh cinnteach a bheil cead a dhìth oirbh airson an t-seòrsa obrach gu h-àrd, iarraibh comhairle bhuainn.

Tha cuid a sheòrsaichean obrach ann far nach eil cead airson carragh chlàraichte a dhìth oir tha iad air an ceadachadh fo chumhachan Òrdugh nan Carraighean Àrsaidh (Seòrsaichean Cheadan) (Alba) 1996 faicibh www.legislation.gov.uk/ukxi/1996/1507/contents/made. Mar eisimpleir, ma tha sgrìob fearainn ann a tha air a bhith air a treabhadh airson 10 bliadhna no barrachd, mar as trice cha bhi cead a dhìth oirbh gus cumail oirbh leis an treabhadh. Ge-tà, bidh cead a dhìth oirbh airson treabhadh domhainn no treabhadh far a bheilear a' gearradh a-staigh don fho-ùir.

Tha sinn ro thoilichte bruidhinn ribh mun obair a tha fa-near dhuibh mus cuir sibh a-steach airson cead. Cha bhi sinn ag iarraidh pàigheadh airson comhairle no cead. Le obair sam bith air carragh chlàraichte, bidh cead a dhìth bhon neach leis a bheil am fearann no an neach a tha fuireach ann, a bharrachd air cead bhuainne. Mura h-eil sealbh agaibh air an fhearann, feumaidh sibh innse don neach leis a bheil e gu bheil sibh a' cur a-steach airson cead.

Obair gun chead

'S e eucoir a th' ann ma nì sibh obair, no ma leigeas sibh le cuideigin eile obair a dhèanamh, air carragh chlàraichte gun chead.

Tha e na amas dhuinn obair còmhla ri sealbhadairean is daoine eile gus dèanamh cinnteach nach tèid obair gun chead a dhèanamh, ach ma thèid cumhachan na h-Achd a bhristeadh thèid againn air cumhachan laghail a chur an sàs. A rèir dè cho dona 's a bha bristeadh nan cumhachan, faodaidh sinn grunn rudan a dhèanamh, leithid litir-chomhairleachaidh a chur thugaibh no fios foirmeil a chur thugaibh ag innse gun tèid na cumhachan laghail a chur an sàs, no 's dòcha gun tèid fios a chur gu Neach-casaid a' Chrùin mun chùis.

Mar a chuireas sibh a-steach airson cead airson carragh chlàraichte

Faodaidh sibh cur a-steach airson cead le bhith lìonadh an fhoirm againn a-steach. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mun seo air ar làrach-lìn www.historicenvironment.scot/advice-and-support.

Gu h-àbhaisteach, bheir e suas ri ochd seachdainean gus am pròiseas airson cheadan a chur an sàs. Tha sibh nas fheàrr bruidhinn rinn mun obair a tha sibh a' moladh mus cuir sibh iarrtas airson cead a-steach. Dh'fhaodadh gun tadhail sinn air an làrach gus ar cuideachadh le bhith dèanamh co-dhùnadh.

Ag obair le lorgaire-meatailt aig carraighean clàraichte

Bidh sibh a' bristeadh an lagha ma chleachdas sibh lorgaire-meatailt aig carragh chlàraichte gun chead. Gheibhear foirmichean airson an t-seòrsa ceada seo, ris an canar cead fo Earrainn 42, air ar làrach-lìn, faicibh www.historicenvironment.scot/advice-and-support.

Mar as trice, iarraidh daoine cead bhon neach leis a bheil am fearann mus cleachd iad lorgaire-meatailt air, agus cha tèid iad faisg air làraich a tha fo dhìon laghail agus cha dèan dad a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air àiteachan a tha fo dhìon. Ma dh'iarras cuideigin cead bhuaibh gus lorgaire-meatailt a chleachdadh air làrach clàraichte, bu chòir dhuibh innse dhaibh gur e làrach clàraichte a th' ann agus gum feum iad cead fhaighinn bhuanne.

Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrais dhualchais eile a chomharrachadh.

Tha e an urra rinn togalaichean clàraichte, gàrraidhean is fearann dealbhaichte, agus raointean bhlàr eachdraidheil a chomharrachadh. Bidh sinn cuideachd a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air sin air an làrach-lìn againn.

Tha còrr is 600 raon glèidhteachais ann an Alba air an comharrachadh le ùghdarrasan-planaidh. Feumaidh ùghdarrasan-planaidh co-dhùnadh a dhèanamh feuch dè na pàirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailteireachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidhteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobaill a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidhteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Thèid Làraich Dualchais na Cruinne a chlàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don

chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàda
www.whc.unesco.org.

Tha sia Làraich Dualchais na Cruinne ann an Alba an-dràsta. Gheibhear fiosrachadh orra sin air an làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-schedulingand-designations/world-heritage-sites.

A' lorg fiosrachadh air carraighean clàraichte, inbhean-comharraichte eile agus ar co-dhùnaidhean

Faodaidh sibh prìomh-fhaclan no am mapa a chleachdadh gus lorg fhaighinn air carraighean clàraichte, togalaichean clàraichte, raointean bhlàr clàraichte agus fios mu inbhean-comharraichte eile ma thadhlas sibh air an làrach-lìn againn portal.historicenvironment.scot. Cuideachd, gheibh sibh fiosrachadh an sin mu na co-dhùnaidhean a nì sinn a thaobh inbhean-comharraichte. Mura h-eil sibh cinnteach fhathast a bheil gus nach eil an làrach no a' charraigh agaibh clàraichte, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhraìn seo.

Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làrach-lìn aig Àrainneachd na h-Alba, agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun àrainneachd an sin, mu rudan mar chrìochan nan sgìrean glèidhteachais
www.environment.scotland.gov.uk.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith clàradh carragh air an làrach-lìn
www.historicenvironment.scot/advice-and-support.

Cead airson carragh chlàraichte

Faodaidh sibh iarrtas a chur thugainn airson cead airson carragh chlàraichte. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun sin air an làrach-lìn againn, a' gabhail a-steach Notaichean-stiùiridh airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean www.historicenvironment.scot/advice-and-support. Faodaidh sibh fònadh thugainn airson comhairle air 0131 668 8716.

A' ceannach no a' reic fearann no togalach far a bheil carragh chlàraichte mar phàirt dheth

Ma tha sibh a' reic fearann no togalach far a bheil carragh chlàraichte mar phàirt dheth, bhiodh e na chuideachadh nan innseadh sibh do neach sam bith a tha am beachd am fearann no an togalach a cheannach gu bheil carragh chlàraichte na lùib am pròiseas. Feuch gun innis sibh dhuinn ma gheibh cuideigin ùr sealbh air a' charraigh chlàraichte no ma tha neach-còmhnaidh ùr ann, gus an urrainn dhuinn na clàran againn ùrachadh.

Ma tha sibh a' ceannach fearann no togalach far a bheil carragh chlàraichte mar phàirt dheth, faodaidh an neach-lagha agaibh faighinn a-mach mu charraighean clàraichte bho Chlàr nan Sèidhsin (Sasines) no Clàr an Fhearainn www.ros.gov.uk le bhith dèanamh rannsachadh àbhaisteach no bho bhith tadhal air an làrach-lìn portal.historicenvironment.scot.

Tabhartasan

Dh'fhaodte gum faighear taic-airgid tron phrògram thabhartasan againn airson charraighean àrsaidh gus carraighean a ghleidheadh is a dhìon, agus uaireannan gheibhear airgead gus pannalan-mineachaidh poblach a chruthachadh. Faodaidh na daoine leis a bheil na

carraighean, manaidsearan-fearainn no daoine no buidhnean eile a fhuair cead sgrìobhte bhon neach aig a bheil sealbh air a' charraigh cur a-steach airson tabhartas. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air an làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/grants-and-funding.

Seirbheisean arc-eòlais nan ùghdarrasan ionadail

Cuiribh fios chun an arc-eòlaiche no an t-seirbheis arc-eòlais aig an ùghdarras ionadail agaibh airson comhairle mu bhith cumail rian air leasachaidhean agus air a bhith coimhead às dèidh charraighean nach eil clàraichte. Air Fòram Clàran nan Làrach is nan Carraighean [www.smrforum-scotland.org.uk /her-contacts](http://www.smrforum-scotland.org.uk/her-contacts) gheibhear fiosrachadh conaltraidh airson seirbheisean arc-eòlais air feadh Alba.

Arc-eòlas Alba

'S e dòigh fìor mhath a th' anns an sgeama aig Arc-eòlas Alba, Thoiribh Taic do Charragh www.archaeologyscotland.org.uk/ourprojects/adopt-monument, gus cuideachadh le bhith gleidheadh an dualchais ionadail agaibh, a' gabhail a-steach carraighean clàraichte.

Aonad nan Ulaidhean

Cuiribh fios gu Aonad nan Ulaidhean www.treasuretrovescotland.co.uk gus innse dhaibh mu nithean a lorgas sibh no airson tuilleadh fiosrachaidh mu lagh nan ulaidhean.

Còd Slighean Dùthchail na h-Alba

Airson fiosrachadh mu chòraichean-slighe is dleasan a thaobh a' bhlàir a-muigh ann an Alba, faicibh Còd Slighean Dùthchail na h-Alba

www.outdooraccess-scotland.com.

Taic Planaidh Alba

Tha Taic Planaidh Alba a' toirt comhairle seachad air planadh agus am pròiseas planaidh. pas.org.uk

Laghan is poileasaidhean buntainneach

- Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979
www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46.
- Aithris Poileasaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba www.historicenvironment.scot/advice-and-support/planning-and-guidance/legislation-and-guidance/historic-environment-scotland-policystatement.
- A' Cumail Rian air Atharraichean san Àrainneachd Eachdraidheil. Faicibh ar notaichean-stiùiridh air an làrach-lìn againn www.historicenvironment.scot/adviceand-support/planning-and-guidance/legislation-and-guidance/managingchange-in-the-historic-environmentguidance-notes.

Ar stuthan foillsichte

Tha grunn stuthan foillsichte againn mu bhith clàradh agus mu charraighean clàraichte www.historicenvironment.scot/archives-and-research/publications.

Molaidhean is gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan mun liosta-chlàraidh. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu designations@hes.scot.

Tha sinn air a' cur romhainn seirbheis sàr mhath a thoirt seachad. Cuiridh sinn diù ann an gearan sam bith a gheibh sinn agus nì sinn feum den fhiosrachadh a thig nan cois gus piseach a thoirt air ar seirbheisean.

Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

Oifigear Gearain

Oifis an Àrd-oifigeir
Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Taigh Longmore
Ceàrn Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8713

Post-d: complaints@hes.scot

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu na modhan againn gus gearan a dhèanamh air an làrach-lìn againn.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidhinn Phoblaich Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidhinn-charthannais chlàraichte (SC045925). 'S e aon de na dleastanasan againn a bhith cumail chlàran airson carraighean a tha cudromach gu nàiseanta.

Tha an leabhran seo a' mìneachadh dè tha e a' ciallachadh do shealbhadairean nuair a tha fearann no an togalach aca air an liosta agus ciamar a tha sinn a' measadh làrach no carragh airson a dhol air an liosta-chlàraidh. Tha e cuideachd ri fhaotainn ann am Beurla leis an tìotal, Scotland's Scheduled Monuments.

Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Sgioba nan Inbhean-comharraichte
Taigh Longmore
Ceàrn Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8716

Post-d: designations@hes.scot

Làrach-lìn: www.historicenvironment.scot